

PLANA: AM BLITZ - BEOTHACHADH



Eòlasan agus Builean

Trom ionnsachadh air fad, is urrainn dhomh goireasan-siridh bhunan eileagtronaigeach a chleachdadh, airson fiosrachadh a lorg agus fhaighinn air ais, agus is urrainn dhomh aithneachadh cho cudromach 's a tha seo nam àite ionnsachaidh, aig an taigh agus san àite obrach.

TCH 2-03b

'S urrainn dhomh fuaimean, teacsa agus ìomhaighean a chruthachadh, a ghlacadh agus atharrachadh, airson bruidhinn mu m' fhèin-fhiosrachadh, beachdan agus fiosrachadh ann an dòighean cruthachail agus tarraingeach.

TCH 2-04b

~~Coingean eadar-chuspaireil~~

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a



Co-theacsa, Goireasan agus Gníomhan

Beothachadh

Inns don chloinn gu bheil iad a' dol a chruthachadh beothachadh mun Bhlitz, a' cleachdadh stiall film, dealbh 3D no taois.

Bruidhinn ri na sgoilearan mu na h-ìomhaighean a thig gu an aire nuair a smaoineachas iad air a' Bhlitz. Cleachd an làrach-lìn gus tuilleadh ìomhaighean a shealltainn dhaibh agus thoir orra smaoineachadh air na fuaimean a chluinnear.

Thoir roghainn don chloinn mun t-seòrsa beò-dhealbh a th' iad airson a dhèanamh. Inns dhaibh gum feum iad an sgeulachd innse ann an còig dealbhan. Thoir stiall film an duine dhaibh agus iarr orra an smuaintean a chur air pàipear.

Faodaidh iad notaichean a sgrìobhadh fo gach dealbh far am feum fuaim, ceòl no guth a bhith. Sgrìobh sgrìopt far a bheil sin iomchaidh.

Lorg fuaimean air an eadar-lìon agus clàr guthan.

Cuir nan cuimhne tiotal a thoirt air agus an ainm a chur ris.

Beothachadh air a chur ri chèile le dealbhan

Iarr air na sgoilearan còig dealbhan nas motha a dhèanamh air pàipear A5.



An uair sin cuidich iad le sgan a dhèanamh de gach dealbh no dealbhan a thogail le camara. Can riutha na dealbhan a shàbhaladh gu faidhle air a' choimpiutair.

Dh'fhaodadh na sgoilearan aghaidh a chruthachadh le cumaidhean a dhèanamh à pàipear dubh agus an gearradh a-mach agus an steigeil air an dealbh, no dealbh a pheantadh le peant dubh air a' chùl-raon.

Beothachadh 3D no à taois

Iarr air na sgoilearan a roghnaich na dòighean seo cùl-raoin freagarrach a dhealbhadh. An uair sin bu chòir dhaibh dealbhan a dhèanamh a thèid a ghearradh a-mach no modailean taoise a dhèanamh airson gach pàirt den sgeul. Nuair a tha gach pìos deiseil, cuireadh iad air dòigh iad air beulaibh a' chùil-raoin mus tog iad dealbh le camara. Nuair a tha iad riarachta leis an dealbh, bu chòir na pìosan a ghluasad gus sealladh ùr a chruthachadh. Leanadh iad orra mar seo am bi 5 dealbhan aca. Sàbhail na dealbhan gu faidhle air a' choimpiutair.

Airson gach seòrsa deilbh

Aon uair 's gu bheil còig dealbhan aig an sgoilear air an sàbhaladh gu faidhle air a' choimpiutair, cleachd bathar-bog mar eisimpleir, Movie Maker no Photostory gus na dealbhan agus na fuaimean a chur ri chèile mar film. Feumar na dealbhan a chur ann an òrdugh agus fuaimean a chur ris.

Mar chlas, seall ris gach film agus dèan measadh air obair càch a chèile.

Measadh

CRUTHAICH

'S urrainn dhomh dathan a mheasgachadh agus sgàil-riochd a chleachdadh gus dealbh a dhèanamh a sheallas cò ris a bha an t-adhar coltach aig àm a' Bhlitz.

DÈAN

CAN

SGRÌOBH



HOTS – Sgilean Breithneachaidh

A' dèanamh anailis



A' cur gu feum



A' cruthachadh



A' luachadh



A' cuimhneachadh

A' tuigsinn



Na Ceithir Comasan

Soirbheachail:

'S urrainn dhomh Beothachadh a dhèanamh mun Bhlitz a' cleachdadh teicneòlas.

Misneachail:

Cunntasach:

Èifeachdach:



Sgilean:

A' cruthachadh

A' cleachdadh agus a' taisbeanadh le teicneòlas